

**Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean**



**PLANA NA GÀIDHLIG – DREACHD AIRSON CO-CHOMHAIRLEACHADH**

**2024 – 2029**

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrann 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.



## CONTENTS

1	RO-RÀDH.....	4
1.1	TUAIRISGEUL AIR DREUCHD IS SUIDHEACHADH NA BUIDHNE.....	4
1.2	GÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH RAON-OBACH AN ÙGHDARRAIS .....	5
1.3	GEÀRR-CHUNNTAS AIR A' GHÀIDHLIG ANN AN ALBA.....	6
1.4	ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA).....	7
1.5	PLANA CÀNAIN NÀISEANTA NA GÀIDHLIG .....	7
1.6	SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG AN LUCHD-OBACH.....	8
1.7	CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD PHLANA GHÀIDHLIG .....	8
2.	PRÌOMH PHRIONNSAPALAN.....	8
2.1	SPÈIS CHO-IONANN.....	8
2.2	TAIRGSE FHOR-GHNÌOMHACH.....	9
2.3	ÀBHAISTEACHADH .....	9
3.	GEALLTANASAN A' PHLANA .....	9
3.1	AMASAN ÀRD-ÌRE .....	9
	Amas àrd-ìre 1: A' cleachdadh na Gàidhlig .....	10
	Amas àrd-ìre 2: Ionnsachadh na Gàidhlig .....	12
	Amas àrd-ìre 3: A' cur na Gàidhlig air adhart .....	13
3.2.1	Amas Sheirbheisean Corporra 1: Inbhe .....	14
3.2.2	Amas Sheirbheisean Corporra 2: Conaltradh leis a' Phoball .....	16
3.2.3	Amas Sheirbheisean Corporra 3: Fiosrachadh.....	19
3.2.4	Amas Sheirbheisean Corporra 4: Luchd-obrach .....	23
	Amas Sheirbheisean Corporra 5: Corpas na Gàidhlig.....	25
4.	CEANGLAICHEAN RI FRÈAM-OBACH COILEANAIDH NÀISEANTA .....	27
5.	A' FOILLSEACHADH A' PHLANA AGUS GA CHUR AM FOLLAIS.....	28
5.1	AIR AN TAOBH A-STAIGH .....	28
5.2	AIR AN TAOBH A-MUIGH.....	28
6.	A' MAOINEACHADH A' PHLANA .....	28
7	A' DEARCNACHADH A' PHLANA .....	29
8.	PLANA NA GÀIDHLIG SAN ÙGHDARRAS PHOBLACH .....	29
8.1	UALLACH SAN FHARSAINGEACHD AIRSON A' PHLANA.....	29
8.2	UALLACH AIRSON A' PHLANA BHO LATHA GU LATHA .....	29
8.3	BUILEACHADH AGUS DEARCNACHADH PLANA NA GÀIDHLIG.....	29
8.4	CONALTRADH LE LUCHD-OBACH.....	30
8.5	TREAS PÀRTAIDHEAN AGUS BUIDHNEAN LETH-EISIMEILEACH .....	30
	EÀRR-RÀDH 2 – IN-SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG .....	32
	THOIR FA-NEAR:.....	32

# 1 RO-RÀDH

## 1.1 TUAIRISGEUL AIR DREUCHD IS SUIDHEACHADH NA BUIDHNE

1.1.1 Chaidh Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a chur air bhonn air 8 Iuchar 2002, agus bha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean fo làn shiùil – a’ gabhail ris na cumhachdan reachdail uile aca – air 19 Iuchar 2002.

1.1.2 Tha dleastanas air Ùghdarras a’ Phàirc Nàiseanta airson oidhirpean nam buidhnean com-pàirteachaidh a cho-òrdanachadh air feadh a’ Phàirc Nàiseanta gus na h-Amasan a chur air adhart a chaidh a chur an cèill ann an Achd Pàircean Nàiseanta (Alba) 2000, agus is iad sin:

- dualchas nàdarra is cultarach a ghlèidheadh agus a mheudachadh
- cleachdadh seasmhach stòrasan nàdarra na sgìre a chur air adhart
- tuigse air, agus tlachd à, càileachdan sònraichte na sgìre a chur air adhart
- leasachadh seasmhach agus eaconamach coimhearsnachdan na sgìre a chur air adhart

1.1.3 Is e dreuchd Ùghdarras a’ Phàirc Nàiseanta libhrigeadh coitcheann nan ceithir amasan reachdail aig a’ Phàirc Nàiseanta a cho-òrdanachadh, agus mar sin dèanamh cinnteach à àm ri teachd seasmhach airson nan raointean seo.

1.1.4 Tha Plana Gàidhlig na buidhne gu h-àraid a’ cuideachadh le bhith a’ toirt air adhart an t-amas ‘dualchas nàdarra is cultarach a ghlèidheadh agus a mheudachadh’, oir gu ruige an 19mh linn, b’ e Gàidhlig an cànan a bh’ aig a’ mhòr-chuid de luchd-còmhnaidh sgìre a’ Phàirc Nàiseanta.

1.1.3 Le còrr is 178 luchd-obrach (ann an 2023) agus 17 buill Bùird, tha grunn dleastanasan reachdail aig Ùghdarras a’ Phàirc, nam measg: a’ stiùireadh leasachadh is foillseachadh Plana a’ Phàirc Nàiseanta, plana ro-innleachdach a bhios a’ stiùireadh obair chom-pàirtichean sa Phàirc Nàiseanta; a’ cur ri chèile Plana Leasachaidh Ionadail; a’ stiùireadh cothrom air a’ bhàr a-muigh sa Phàirc; uallach airson nan co-dhùnidhean uile air planadh agus air stiùireadh leasachadh sa Phàirc Nàiseanta.

1.1.4 Tha Ùghdarras a’ Phàirc Nàiseanta air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, agus tha Ministearan na h-Alba a’ cur an dreuchd sianar de bhuill a’ bhùird againn. Tha sianar bhall bùird eile air an ainmeachadh leis na ceithir comhairlean ann an sgìre a’ Phàirc – Earra-Ghàidheal is Bòd (2), Sruighlea (2), Siorrachd Dhùn Breatainn an Iar (1) agus Peairt is Ceann Rois (1) – agus tha còignear bhall bùird againn a tha air an taghadh le luchd-còmhnaidh sgìre a’ Phàirc Nàiseanta. Tron bhòrd againn, tha sinn freagarrach don Mhinistear airson Sgìlean Uaine, Eaconamaidh Chuaireach is Bith-iomadachd ann an Riaghaltas na h-Alba agus, mar sin, do Phàrlamaid na h-Alba.

1.1.5 Ann a bhith a’ gabhail os làimh na dleastanasan aca, bidh Ùghdarras a’ Phàirc Nàiseanta agus an luchd-obrach aca a’ dèanamh co-luadar le raon farsaing de dhaoine, nam measg na 15,000 daoine, mu thuaiream, a tha a’ fuireach taobh a-staigh sgìre a’ Phàirc Nàiseanta, iadsan a tha ag obair an seo agus cuid de na milleanan de luchd-tadhail a’ Phàirc, an dàrna leth dhiubh comasach air am Pàirc Nàiseanta a ruigsinn ann nas lugha na uair a thìde.

## 1.2 GÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH RAON-OBRAICH AN ÙGH-DARRAIS

1.2.1 Ann am Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, tha àireamh-shluaigh de 15,600 luchd-còmhnaidh mu thuaiream (cunntas-sluaigh 2011). Tha an sgìre 720 mìle ceàrnagach de leud agus tha i a' còmhachadh ceithir sgìrean ùgh-darrais ionadail:

- Sruighlea;
- Earra-Ghàidheal is Bòd;
- Siorrachd Dhùn Breatainn an Iar;
- Peairt is Ceann Rois.

1.2.2 Ann am Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, tha eachdraidh agus dualchas beartach a thaobh chànanan. Tha fianais ann gun robh làmh an uachdair aig a' Ghàidhlig san sgìre seo agus gun do chrìon i anns an 19mh linn. Thàinig a' chuid as motha de ainmean-àite na sgìre às a' Ghàidhlig bho thùs, agus chithear ainmean Gàidhlig air pàirt mhòr de dh'aodann na tìre, leithid beanntan, gleanntan is aibhnichean.

1.2.3 Tha cunntas-sluaigh 2011 a' clàradh gun robh 268 luchd-labhairt na Gàidhlig sa Phàirc Nàiseanta (1.76% den àireimh-shluaigh, a tha barrachd is 3 bliadhna a dh'aois, as àbhaist a bhith a' còmhnaidh ann). Chaidh an àireamh seo sìos beagan bho 2001, nuair a bha 355 luchd-labhairt na Gàidhlig anns a' Phàirc (2.3%). Cuideachd, fhuair an cunntas-sluaigh 2011 gun robh 441 (2.98% den àireimh-shluaigh) ann aig an robh eòlas air choreigin air a' Ghàidhlig, àireamh a chaidh sìos bhon 565 a chaidh a chlàradh sa chunntas-sluaigh 2001.

1.2.4 Fad ceudan de bhliadhnaichean, gu ruige an 19mh linn, b' i a' Ghàidhlig an cànan a bha aig a' mhòr-chuid de mhuintir sgìre a' Phàirc. Thathar ag innse dhuinn, mar eisimpleir, gum b' i a' Ghàidhlig an t-aon chànan ann an 1724 ann am Both Chuidir, Calasraid, Obar Phuill, Lus agus an t-Archar, agus gum b' i an cànan aig a' chuid bu mhotha ann am Bochannan agus Port Thèadhaich. Cho anmoch 's gu ruige nan 1950an, fhuair feadhainn aig an robh Gàidhlig mar chànan màthaireil ann an àitichean leithid Both Chuidir, Drochaid Tuirc agus Cill Fhinn.

1.2.5 Air an adhbhar seo, tha a' mhòr-chuid de na h-ainmean-àite Gàidhealach; far an deach an clàradh gu dìleas, tuigear iad le luchd-labhairt na Gàidhlig bho sgìre sam bith eile de dh'Alba, ged a bhios cruthan Beurlach uaireannan ag adhbharachadh trioblaidean a thaobh brìgh. Chithear cuideachd, ge-tà, siostaman ainmeachaidh nas aosta, gu tric air am mion-atharrachadh le luchd-labhairt na Gàidhlig, a' gabhail a-steach Lochlannais agus Cuimbris no Breatannais (*Brittonic*) - cànan Ceilteach eile a bha nas coltaiche ri Cuimris.

1.2.6 Fiù 's ged nach eil sgoiltean Gàidhlig sa Phàirc Nàiseanta, faodaidh clann ionadail a dhol gu sgoiltean Gàidhlig taobh a-muigh na sgìre, agus faodaidh clann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig ann an sgoiltean aig a bheil sgìrean-sgoile a tha faisg air a' Phàirc Nàiseanta. Tha aonad Gàidhlig ann am Bun-sgoil Thaigh a' Chladaich, Dùn Omhain, a tha a' frithealadh nam pàrantan uile ann an Comhghall a tha ag iarraidh an cuid chloinne a bhith air an oideachadh tron Ghàidhlig. Tha Àrd-sgoil Uallais ann an Sruighlea a' tairgse Gàidhlig mar chuspair a dh'fhaodar a ghabhail gu Àrd-Ìre. Aig ìre na bunsgoile, tha Foghlam tro Mheadhan na Ghàidhlig ri fhaotainn. Thathar a' teagasg chlasaichean aig Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne, Sruighlea, agus faodaidh pàrantan ainmean an cuid chloinne a chur sìos air a son tron bhun-sgoil ionadail aca.

1.2.7 Tha Ùgh-darras a' Phàirc Nàiseanta ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta is beatha chultarail na h-Alba, agus tha

sinn an geall air leantainn oirnn a' libhrigeadh na deagh obrach a rinneadh fo eagrain a' Phlana Ghàidhlig a tha air a bhith againn ron seo. Tha sinn an geall air libhrigeadh nam prìomh amasan ùra againn thar an ath chòig bliadhna, còmhla ri luchd-obrach is com-pàirtichean is am poball, air chor 's gun cuidich sinn cànan is cultar na Gàidhlig a thoirt beò agus a chumail buntainneach airson nan ginealaichean ri teachd.

### 1.3 GEÀRR-CHUNNTAS AIR A' GHÀIDHLIG ANN AN ALBA

1.3.1 Ann an 2011, bha sgilean cànan air choreigin sa Ghàidhlig aig 87,100 duine bho aois trì suas ann an Alba (1.7% den àireimh-shluaigh). Ged a bha an àireamh seo sìos bhon 92,400 sa chunntas-sluaigh 2001, bha reat an lùghdachaidh air shlaodachadh gu mòr. A thaobh an 87,100 duine aig an robh sgilean cànan air choreigin sa Ghàidhlig a chaidh a chlàradh sa chunntas-sluaigh 2011:

- bha làn sgilean sa Ghàidhlig aig 32,400 dhiubh (37.2%), a' ciallachadh gun robh an comas aca Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh;
- b' urrainn do 57,600 dhiubh (66.2%) Gàidhlig a bhruidhinn, agus b' urrainn do 6,100 dhiubh (7.0%) Gàidhlig a leughadh is/no a sgrìobhadh ach cha b' urrainn dhaibh a bhruidhinn;
- b' urrainn do 23,400 dhiubh (26.8%) Gàidhlig a thuigsinn ach cha b' urrainn dhaibh a bhruidhinn, a sgrìobhadh no a leughadh.

1.3.2. Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ga leudachadh air feadh Alba. Tha e a-nis ri fhaotainn ann am barrachd is an dàrna cuid de na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba. Thòisich Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an 1985 le 14 sgoilearan. An-diugh, tha -barrachd is 5,600 sgoilearan san roinn thar foghlam Thràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile. Gus am fàs leantainneach ann an iarrtas a choileanadh, bidh feum ann air airgead a chur ann airson sgoiltean is tidsearan.

1.3.3. Tha e follaiseach gu bheil an t-iarrtas airson ionnsachadh na Gàidhlig air a dhol am meud bhon àireimh de dhaoine a chuir romhpa Gàidhlig ionnsachadh tro Duolingo. Thathar a' meas gu bheil 1.8 millean duine air ionnsachadh na Gàidhlig a thòiseachadh air an app bhon a chuireadh an cùrsa air bhog o chionn trì bliadhna, agus ann an 2023 dh'fhàs an cùrsa 17% (suas bho 12% ann an 2022).

1.1.1. A rèir Bòrd na Gàidhlig, ged a chaidh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba sìos bhon chunntas-shluaigh mu dheireadh, thàinig àrdachadh air an àireimh de dhaoine a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn agus cuideachd a leughadh is a sgrìobhadh eadar 2001 is 2011. Tha seo air sàilleibh 's gun tàinig fàs air litearrachd ann an Gàidhlig agus gu bheil àireamh fhàsmhor ann de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. A bharrachd air sin, eadar 2001 agus 2011, chaidh àireamh nan daoine fo aois 25 aig a bheil comas a' Gàidhlig a bhruidhinn am meud 8.6%, a' gabhail a-steach àrdachadh sna raointean-aoise 5-11 (+8.8%) agus 18-24 (+12%).

1.1.1. A dh'aindeoin nan àireamhan iomlan de luchd-labhairt na Gàidhlig, faodaidh dùil a bhith ann gum faicear na treandaichean sin a' leantainn orra a thaobh piseach ann an litearrachd, àrdachadh san àireimh de luchd-ionnsachaidh fileanta agus meudachadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Ghàidhlig, agus mar thoradh air sin gum bi barrachd iarrtais ann airson sheirbheisean Gàidhlig.

## 1.4 ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA)

1.4.1 Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a tha ann don Bheurla.

1.4.2 Is e aon de na h-earrainnean as cudromaiche den Achd 2005 an cumha a tha a' toirt ùghdarras do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an cumha sin a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gun cuidicheadh an roinn phoblach ann an Alba le bhith a' glèidheadh na Gàidhlig san àm ri teachd agus iad a' cur ri inbhe is ìomhaigh a' chànain agus a' cruthachadh chothroman pragtaigeach gus an cànan a chleachdadh.

1.4.3 Chaidh an sgrìobhainn seo, dreachd den treas eagan a thathar a' moladh de Phlana na Gàidhlig airson Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, ullachadh a rèir frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar n-obair, mar a bheir sinn cothrom do dhaoine air Gàidhlig a chleachdadh nuair a tha sinn a' conaltradh ris a' phoball is ri prìomh chom-pàirtichean, mar a chuireas sinn a' Ghàidhlig air adhart agus mar a leasaicheas sinn cleachdadh na Gàidhlig agus eòlas nas fharsainge oirre bho 2024 gu 2029.

1.4.4 Chaidh Plana na Gàidhlig aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail san Achd 2005, agus thugadh fa-near don Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

## 1.5 PLANA CÀNAIN NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta a' toirt taic do dh'amas a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig. Tha sinn an geall air an t-amas seo a choileanadh le bhith a' fòcasachadh na h-obrach againn air amasan iomlan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig, air chor 's gun gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean, le bhith:

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Tha na h-amasan seo cuideachd co-chòrdail ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028, a chaidh fhoillseachadh an dèidh dhuinn an sgrìobhainn seo a chur ri chèile.

1.5.2. Bidh Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta a' cuideachadh gus amasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a choileanadh le bhith:

- A' cleachdadh na ruigsinneachd againn agus nan lìonraidhean againn gus daoine a bhrosnachadh Gàidhlig ionnsachadh agus a bhruidhinn mar dhòigh gus a' phàirt chudromach seo de dhualchas cultarach a' Phàirc Nàiseanta (mar àite) a chumail beò, soirbheachail agus buntainneach.
- A' dèanamh eòlas air a' Ghàidhlig agus air cleachdadh na Gàidhlig mar rudeigin deimhinneach agus buntainneach, uair sam bith far an urrainn dhuinn, mar phàirt den obair sa bheil sinn an sàs air stèidh làitheil.

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice nuair a tha iad ann an co-luadar leinn.
- A' meudachadh a' chothruim a tha ann do dhaoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn, a' gabhail a-steach tro chleachdadh na ruigsinneachd agus buaidhe againn le com-pàirtichean air feadh a' Phàirc Nàiseanta.

## **1.6 SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG AN LUCHD-OBACH**

1.6.1 Rinn Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta sgrùdadh air a' chomas Ghàidhlig am measg luchd-obrach na buidhne ann an 2023 mar phàirt de dh'ullachadh a' Phlana Ghàidhlig seo. Bheachdaich sinn air toraidhean an sgrùdaidh seo nuair a bha sinn a' leasachadh nan gealltanasan sa Phlana, agus stiùir iad sinn a thaobh mar a dh'fhaodamaid cleachdaidhean a stèidheachadh, a ghlèidheadh no a leasachadh gus cleachdadh na Gàidhlig a thoirt air adhart agus Gàidhlig a chur air adhart mar phàirt chudromach agus buntainneach ann an dualchas cultarach a' Phàirc Nàiseanta.

1.6.2 Nochd an sgrùdadh dhuinn, ged nach eil luchd-obrach againn a bhruidhneas Gàidhlig, gun robh bun-tuigse no eòlas air grunn abairtean Gàidhlig aig 42% de luchd-freagairt, agus bha an t-aon cheudad de luchd-freagairt air pàirt a gabhail ann an trèanadh Gàidhlig roimhe. Thuir 48% den luchd-freagairt gum biodh ùidh aca ann a bhith nam pàirt de bhuidheann luchd-obrach airson cànan is conaltradh a leasachadh taobh a-staigh a' Phàirc Nàiseanta, agus bha aig cha mhòr an aon uimhir de luchd-freagairt molaidhean no beachd-smuainean air mar a dh'fhaodamaid Gàidhlig a thoirt beò sa Phàirc Nàiseanta.

1.6.3 Gheibhear geàrr-chunntas air toraidhean an in-sgrùdaidh air Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach air a cheangal mar Earr-ràdh 2.

1.6.4 Tha an t-in-sgrùdadh seo air slat-tomhais a thoirt seachad airson ìre nan sgilean cànan, mothachadh air agus ùidh ann an Gàidhlig taobh a-staigh Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta. Tha sinn an geall air an sgrùdadh seo a choileanadh a-rithist sa chiad bhliadhna den phlana seo, agus mar phàirt den dearcnachadh bhliadhnail againn gach bliadhna. Bidh sinn a' tracadh toraidhean na suirbhidhe agus a' freagairt riutha gus sùil a chumail air adhartas, cothroman agus dùbhlain agus cruth a thoirt do dh'eagrain den Phlana seo a nithear san àm ri teachd.

## **1.7 CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD PHLANA GHÀIDHLIG**

1.7.1 Fon Achd 2005, feumaidh Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta co-chomhairleachadh a chur air dòigh air an dreachd Phlana Ghàidhlig againn mus tèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig. Aon uair 's gu bheilear air fios air ais fhaighinn bhon cho-chomhairleachadh seo, bidh sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo gus cruth a thoirt don dreachd Phlana Ghàidhlig mus tèid aonta fhaighinn bho Bhòrd Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta agus mus tèid a chur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig airson aonta.

## **2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN**

Tha sinn an geall air na prìomh phrionnsapalan a leanas a chur an gnìomh tarsainn an treas eagrain seo den Phlana Ghàidhlig againn.

### **2.1 SPÈIS CHO-IONANN**



Fo chumhaichean na h-Achd 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a tha ann don Bheurla agus tha am Bòrd, san dòigh cheudna, an dùil gum bi ùghdarrasan poblach a' sealltainn sna planaichean aca mar a thèid am prionnsapal a choileanadh agus a chumail ann an cleachdadh.

Bidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a' dèanamh cinnteach, far a bheil Gàidhlig air a gabhail a-steach mar phàirt den obair is seirbheisean againn, gum bithear gan toirt seachad don aon inbhe is càileachd 's a gheibhear tron Bheurla.

## **2.2 TAIRGSE FHOR-GHNIOMHACH**

Bidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a' cleachdadh nam prìomh sheanailean againn air-loidhne agus far-loidhne gus tairgse fhor-ghnìomhach a thoirt seachad airson nan seirbheisean Gàidhlig againn don luchd-obrach againn agus don phoball. Bidh seo a' dèanamh cinnteach, far a bheil sinn a' tairgse sheirbheisean Gàidhlig, gum bithear ag àrdachadh aire luchd-labhairt na Gàidhlig gu bheil a leithid ann agus gam brosnachadh gu gnìomhach a bhith gan cleachdadh.

Bidh seo a' toirt an uallaich air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheise agus bithear a' toirt misneachd do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gum bithear a' coileanadh am feumalachdan mas e sin an roghainn aca.

Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho so-ruigsinneach 's a tha na seirbheisean Beurla againn.

## **2.3 ÀBHAISTEACHADH**

Bidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman ann don phoball agus don luchd-obrach againn a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig mar rud àbhaisteach, a' toirt taic do dh'amasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus a' togail cheanglaichean eadar a' Ghàidhlig agus na prìomhachasan a chaidh a chomharrachadh ann am Plana Com-pàirteachaidh a' Phàirc Nàiseanta 2024-2029

## **3. GEALLTANASAN A' PHLANA**

### **3.1 AMASAN ÀRD-ÌRE**

3.1.1 Nuair a bha sinn ag ullachadh a' Phlana Ghàidhlig seo, chùm Bòrd na Gàidhlig còmhraidhean aig ìre àrd le Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta airson socrachadh ciamar a bhios obair an ùghdarras phoblaich ag adhartachadh amasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig làithrich. Tha na toraidhean aontaichte bho na còmhraidhean seo a' toirt cruth do na prìomhachasan ro-innleachdail aig àrd-ìre a bhios air an amaladh ann am Plana na Gàidhlig airson Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta.

3.1.2 Tha Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta an geall air na h-Amasan Àrd-Ìre a leanas airson a' Phlana Ghàidhlig againn 2024-2029:

<b>Amas àrd-ìre 1: A' cleachdadh na Gàidhlig</b>	
<b>Buil mhiannaichte</b>	<p>Brosnaich luchd-obrach agus luchd-tadhail a bhith a' gabhail pàirt san iomairt Cleachdi.</p> <p>Sir cothroman fastaidh, a' gabhail a-steach preantasachdan agus inntearnasan pàighte, a bhiodh a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig còmhla ri libhrigeadh nan amasan ro-innleachdail aig Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta.</p>
<b>Cleachdadh làithreach</b>	<p>An-dràsta, tha sinn ag aithneachadh comas ann an Gàidhlig mar ion-mhiannaichte airson grunn dhreuchdan. Gu ruige seo, chan eil dreuchd air a bhith againn far a bheil an comas air Gàidhlig a thuigsinn agus/no a bhruidhinn mar chuspair-deuchainn riatanach.</p> <p>Thathar a' brosnachadh luchd-obrach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san obair aca; tha cuimhneachain timcheall nam prìomh oifisean againn a tha a' cur an cuimhne abairtean Gàidhlig a tha cudromach, agus tha trèanadh bliadhnaile ga thoirt seachad airson mothachadh air Gàidhlig àrdachadh am measg luchd-obrach.</p>
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	<p>Bidh sinn a' cur air adhart an iomairt Cleachdi agus a' brosnachadh com-pàirteachadh innte taobh a-staigh na buidhne agus air an taobh a-muigh, le gnothachasan a tha a' cur fàilte air luchd-tadhail don Phàirc Nàiseanta, le buidhnean coimhearsnachd san fharsaingeachd agus tron dreuchd againn mar phrìomh chom-pàirtiche ann am Buidheann-stiùiridh Slighe Taobh Siar na Gàidhealtachd.</p> <p>Bidh sinn a' cur air adhart dòighean sam faod luchd-obrach, gnothachasan agus buidhnean coimhearsnachd a tha airson luchd-obrach is saor-thoilich is luchd-tadhail aig a bheil Gàidhlig a bhith a' leigeil fhaicinn gu bheil Gàidhlig aca, a' cleachdadh practas as fheàrr agus goireasan bhon iomairt Cleachdi.</p> <p>Bidh sinn a' cur air adhart cothroman obrach agus saor-thoileachais taobh a-staigh Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta gu gnìomhach do luchd-ionnsachaidh agus luchd-bruidhinn na Gàidhlig, le bhith a' togail cheanglaichean le sgoiltean Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus buidhnean foghlaim leantainnich agus àrd-fhoghlaim (leithid Sabhal Mòr Ostaig) le sùil a bhith a' leasachadh chothroman airson luchd-bruidhinn na Gàidhlig a bhith ag obair/ag obair gu saor-thoileach leinn. Aig an ath lèirmheas air na poileasaidhean Goireasan Daonna agus saor-thoileachais againn, bidh sinn a' coimhead airson chothroman gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh tromhpa.</p> <p>Bidh sinn a' togail dhàimhean le Leasachadh an Fheachd-obrach Òig agus buidhnean is iomairtean buntainneach eile (m.e. Pannal na Gàidhlig is Albannais aig Òigridh na h-Alba) gus slighean ùra fhosgladh do luchd-bruidhinn is luchd-</p>

	<p>ionnsachaidh na Gàidhlig a bhith ag adhartachadh nan sgilean aca agus iad ag ullachadh a dhol a-steach don fheachd-obrach.</p> <p>Bidh sinn a’ cleachdadh chonaltraidhean air an taobh a-staigh, leithid eadra-lion na buidhne agus na meadhanan sòisealta nas fharsaingean againn, gus susbaint Ghàidhlig a bhrosnachadh, a chomharrachadh agus a cho-phàirteachadh bho àm gu àm, agus luchd-obrach a chomasachadh a bhith a’ faireachdainn cofhurtail gus an ciad cheumannan a ghabhail a dh’ionnsaigh fileantachd agus a’ toirt seachad seirbheis de dh’àrd-chàileachd do luchd-bruidhinn na Gàidhlig.</p> <p>Mar eisimpleir, iomairt a nochdas gu bheil luchd-obrach airson ciad cheumannan a ghabhail gus Gàidhlig a bhruidhinn. Bidh sinn ga dhèanamh soilleir do luchd-obrach uile gu bheil sinn a’ creidsinn <i>“Is Fheàrr Gàidhlig Bhriste na Gàidhlig sa Chiste.”</i> (Creideas: <a href="#">Gàidhlig Briste Print — LOOM Graphics</a>)</p> <p>Nuair a tha luchd-obrach air pàirt a ghabhail ann an trèanadh Gàidhlig, bidh sinn gam brosnachadh a bhith ga chur air adhart tron t-soidhneachadh puist-d aca gus mothachadh air a’ chànan àrdachadh am measg luchd-obrach agus luchd-aithne.</p>
<b>Ceann-là targaide</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1 Cuir air adhart an iomairt Cleachdi agus broснаich daoine gus pàirt a ghabhail innte, air feadh beatha a’ Phlana seo agus ro dheireadh 2028/29.</li> <li>2 Brosnaich buidhnean aig a bheil luchd-obrach le Gàidhlig a bhith a’ cur air adhart gu bheil Gàidhlig aca, air feadh beatha a’ Phlana agus ro dheireadh 2028/29.</li> <li>3 Cothroman obrach agus saor-thoileachais gan cur air adhart gu gnìomhach do luchd-ionnsachaidh is luchd-bruidhinn na Gàidhlig, ro dheireadh 2024/25.</li> <li>4 Dèan lèirmheas air cothroman gus cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart taobh a-staigh nam poileasaidhean againn air Goireasan Daonna agus saor-thoileachas, aig an ath phuing sgrùdaidh no ro dheireadh 2026/27 ma tha sin nas tràithe.</li> <li>5 Tog dàimhean le com-pàirtichean buntainneach, ro dheireadh 2025/26.</li> <li>6 Cuir air adhart an iomairt Cleachdi agus broснаich dhaoine gus pàirt a ghabhail innte</li> </ol>
<b>Uallach</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1 Sgioba Gnàth-eòlas an Luchd-tadhail / Manaidsear Leasachaidh Gnothachais airson Slighe Taobh Siar na Gàidhealtachd</li> <li>2 Sgioba Gnàth-eòlas an Luchd-tadhail / Manaidsear Leasachaidh Gnothachais airson Slighe Taobh Siar na Gàidhealtachd</li> <li>3 Manaidsear Ghoireasan Daonna / Comhairliche nan Saor-thoileach / Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail</li> <li>4 Manaidsear Ghoireasan Daonna / Comhairliche Foghlaim is In-ghabhaltais</li> <li>5 Manaidsear Ghoireasan Daonna / Comhairliche Foghlaim is In-ghabhaltais</li> </ol>

	6	Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig / Sgioba Gnàth-eòlas an Luchd-tadhail
--	---	---

<b>Amas àrd-ìre 2: Ionnsachadh na Gàidhlig</b>	
<b>Buil a tha ga moladh</b>	Cruthaich goireasan Gàidhlig, stèidhte air dualchas nàdarra is cultarach a' Phàirc, ag amas air diofar ìrean de chomas Gàidhlig, ann an sgoiltean agus sa choimhearsnachd nas fharsainge.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	<p>Tha Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta ag aithneachadh, ma tha a' Ghàidhlig gu bhith seasmhach san àm ri teachd, gum feum barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh agus gum feumar fòcasachadh aire air an dachaigh, air an àite-obrach agus air ionnsachadh mar na prìomh dhòighean gus seo a thoirt gu buil, agus cuideachd tro bhith a' dèanamh Gàidhlig buntainneach tro cheanglaichean gu cur-seachadan, cultar agus spòrs.</p> <p>Ged nach eil uallach air Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta airson sgoiltean, tha foghlam mar raon-obrach cudromach sa Phàirc Nàiseanta. Tha sinn ag obair le raon farsaing de dhaoine tro bhuidhnean sgoile, tadhalan for-ruigheachd agus tron obair a bhios an t-Seirbheis Raonairean againn a' dèanamh tro chonaltradh leis na mìltean de luchd-tadhail gach bliadhna.</p> <p>Tha mothachadh air Gàidhlig a' nochdadh ann an obair nan sgiobaidhean seo mar-thà, a' gabhail a-steach gu bheil luchd-obrach comasach air bruidhinn mu dheidhinn nam feartan den chruth-tìre, leithid ainmean-àite agus ainmean aibhnichean agus bheanntan, a thàinig às a' Ghàidhlig.</p>
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	<p>Tha sinn an geall air tuigse air a' Ghàidhlig a leasachadh sa bhuidhinn againn, a bharrachd air a' phàirt a bhios a' Ghàidhlig a' cluiche innte. Bidh sinn a' gabhail nan ceumannan a leanas gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs a thoirt air an àireamh de luchd-bruidhinn na Gàidhlig ann an Alba.</p> <p>Nuair a dh'ath-ùraicheas sinn an t-sreatha de dh'fhoillseachaidhean againn airson luchd-tadhail, nì sinn lèirmheas air a' bhileig againn 'What's in a Name', air a bheil fèill mhòr, agus air na dh'fhoillsich sinn air-loidhne a tha a' toirt seachad fiosrachadh air ainmean-àite Gàidhlig air feadh a' Phàirc Nàiseanta. Ath-ùraichidh sinn na foillseachaidhean seo, an t-susbaint air-loidhne a tha ceangailte riutha agus an t-susbaint againn air na meadhanan sòisealta air chor 's gum bi e fiù 's nas fhasa a bhith ag ionnsachadh beagan Gàidhlig bhunaiteach (agus a bhith comasach a bhith ga co-phàirteachadh le càch). Bheir sinn seachad fiosrachadh air na diofar dhòighean is àiteachan far am faod daoine an cuid eòlais air Gàidhlig a leasachadh.</p> <p>Bidh sinn ag obair le 'luchd-brìgh' a bhruidhneas Gàidhlig aig a bheil ceangal nàdarra tron obair aca chun a' Phàirc Nàiseanta (m.e. iadsan a tha dealasach air a' bhàr a-muigh, luchd-brìgh a tha foghlaimte mu nàdar/gnàth-shìde) gus a' Ghàidhlig a thoirt beò don luchd-leantainn againn air-loidhne agus far-loidhne.</p>
<b>Ceann-là targaid</b>	1 Ath-ùrachadh susbaint a tha ceangailte ri Gàidhlig agus susbaint ann an Gàidhlig air seanailean nam meadhanan sòisealta againn

	<p>2 air a choileanadh ro dheireadh 2024/25 agus susbaint leantainneach ga cruthachadh air feadh beatha a' Phlana. Ath-ùrachadh susbaint a tha ceangailte ri Gàidhlig agus susbaint ann an Gàidhlig air an làraich-lìn againn air a lìbhrigeadh ro dheireadh 2025/26 le lèirmheasan bliadhnail air feadh beatha a' Phlana.</p>
<b>Uallach</b>	Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail

<b>Amas àrd-ìre 3: A' cur na Gàidhlig air adhart</b>	
<b>Buil a tha ga moladh</b>	<p>Cuir air bhonn agus cùm a' dol buidheann buileachaidh agus leasachaidh airson Plana na Gàidhlig le riochdaireachd àrd-ìre.</p> <p>Glèidh, meudaich agus cuir air adhart a' Ghàidhlig agus dualchas cultarach sgìre Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a chum leas luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail.</p>
<b>Cleachdadh làithreach</b>	<p>Tha Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta ag aithneachadh gum bi na raointean prìomhachais a tha air an comharrachadh sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig air an cur an gnìomh sa mhòr-chuid tron Phlana Ghàidhlig againn ach gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan a chur air adhart agus a leasachadh nuair a tha sinn a' dèanamh lèirmheas air na poileasaidhean is modhan-obrach againn. Tha sinn den bheachd gu bheil na leasachaidhean seo a' co-fhreagairt ris a' phrionnsapal àbhaisteachaidh, a tha ag amas gum bi a' Ghàidhlig ga gabhail a-steach mar phàirt de bheatha làitheil ann an Alba.</p> <p>Tha Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta cuideachd ag aithneachadh gum feumar mothachadh air Gàidhlig a neartachadh, agus tha iad a' creidsinn gu bheil dreuchd againn ri choileanadh a thaobh sin.</p>
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1 Ath-stèidhich agus leasaich a' bhuidheann-obrach inntearnail, le riochdaireachd àrd-ìre, a bhios a' dràibheadh air adhart na toraidhean sa Phlana Ghàidhlig.</li> <li>2 Cuiridh sinn a' Ghàidhlig air adhart, an dà chuid na ceanglaichean eachdraidheil aice ri cruth-tìre a' Phàirc Nàiseanta agus buntainneas a' chànain don latha an-diugh, tro cho-luadar aghaidh-ri-aghaidh agus cothroman foghlaim. Leasaichidh sinn susbaint a tha brosnachail agus so-ruigsinneach airson luchd-obrach, luchd-tadhail agus a' choimhearsnachd nas fharsainge, ag obair còmhla ri tagraichean na Gàidhlig ann an Alba air chor 's gun cùm a' Ghàidhlig oirre a' soirbheachadh.</li> <li>3 Nuair a thathar a' cruthachadh, ag ath-ùrachadh agus a' dearcnachadh phoileasaidhean is modhan-obrach, bidh Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta a' gabhail a-steach cur air adhart na Gàidhlig uair air bith nuair a tha cothrom ann.</li> <li>4 Cumaidh sinn oirnn ag aithneachadh agus a' leasachadh chothroman gus cultar na Gàidhlig a chur air adhart sa Phàirc agus cleachdaidh sinn na seanailean a th' againn gus dòighean a chur air adhart sam faod daoine a bhith an sàs sa Phàirc tro ghnìomhachdan ceangailte ri Gàidhlig.</li> </ol>

<b>Ceann-là targaide</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1 Ath-stèidhich buidheann-obrach inntearnail, ro dheireadh 2024/25.</li> <li>2 Leasaich susbaint a tha brosnachail agus so-ruigsinneach ann an Gàidhlig agus tuigse air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh, ro dheireadh 2025/26.</li> <li>3 Dèan lèirmheas air na cothroman gus cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart tro na poileasaidhean Ghoireasan Daonna agus saor-thoileachais, aig an ath phuing lèirmheis no ro dheireadh 2026/27 ma tha sin nas tràithe. Beachdaich air cothroman gus Gàidhlig a chur air adhart tro phoileasaidhean eile mar a tha iad dligheach airson lèirmheas.</li> <li>4 Comharraich agus leasaich cothroman airson cultar na Gàidhlig a chur air adhart sa Phàirc, leantainneach air feadh beatha a' Phlana.</li> </ol>
<b>Uallach</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig / Stiùiriche airson Conaltradh agus Ùr-ghnàthachadh</li> <li>2. Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail</li> <li>3. Manaidsear Ghoireasan Daonna / Comhairliche nan Saor-thoileach / Manaidsear Coileanadh Corporra</li> <li>4. Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig / Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail</li> </ol>

### 3.2 AMASAN SHEIRBHEISEAN CORPORA

A bharrachd air Prìomhachasan Ro-innleachdail, tha Bòrd na Gàidhlig air seata de dh'Amasan Sheirbheisean Corporra a leasachadh a tha ag amas air prìomh ghealltanasan Gàidhlig a thoirt gu bun-tomhais thar ùine. Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean an geall air na h-Amasan Sheirbheisean Corporra a leanas airson a' Phlana Ghàidhlig againn 2024-2027.

#### 3.2.1 Amas Sheirbheisean Corporra 1: Inbhe

<b>Buil mhiannaichte</b>	<p><b>(a) Suaicheantas agus brannd</b> Amais gum bithear a' toirt seachad an suaicheantas corporra an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ath-ùrachaidh.</p>
<b>Cleachdadh làithreach</b>	<p>Tha a' Ghàidhlig follaiseach agus glè fhaicsinneach san dearbh-aithne chorporra againn ann an clò agus ann an conaltraidhean didseatach agus air na soidhnichean againn. Tha tionndadh Gàidhlig againn de shuaicheantas corporra a' Phàirc Nàiseanta, agus tha an Stiùireadh air Branndadh againn a' sònrachadh gu bheil foillseachaidhean is soidhnichean a' cleachdadh an t-suaicheantais Ghàidhlig air a' chiad no dàrna turas a tha an suaicheantas ga chleachdadh (tha a' mhòr-chuid a' cleachdadh an t-suaicheantais co-dhiù dà uair). Tha an suaicheantas Gàidhlig a' nochdadh air a h-uile duilleig den làraich-lìn againn ann am bratach a tha a' tionndadh eadar Beurla is Gàidhlig gach corra diog. Tha an soidhneadh aig inntrigeadh don Phàirc a' cleachdadh na Gàidhlig. Sa phrìomh-àras againn, tha Gàidhlig air a snaigheadh sna ballachan glainne agus sna dorsan glainne agus ann am ballachan an ionaid-fhailteachaidh agus nan</p>

	<p>seòmraichean coinneimh.</p> <p>Tha an suaicheantas agus an stiùireadh air branndadh gan toirt gu aire luchd-obrach mar phàirt de Thrèanadh Mothachadh Gàidhlig, a thathar a' tairgse do luchd-obrach gach bliadhna.</p>
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Ma tha sinn ag ath-dhealbhadh a' phrìomh shuaicheantais chorporra againn, nì sinn cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ga gabhail a-steach sa bhranndadh chorporra, a' nochdadh spèis cho-ionann.
<b>Ceann-là targaide</b>	An ath turas a thathar a' dèanamh lèirmheas air an dearbh-aithne chorporra, rè cùrsa an eagrain seo den Phlana Ghàidhlig againn.
<b>Uallach</b>	Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(b) Soidhnicean</b> Bidh soidhnicean faicsinneach a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ath-ùrachaidh sam bith.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	<p>Tha an Stiùireadh againn air Com-pàirteachas agus air Soidhnicean a' gabhail a-steach riatanasan gum bithear a' cleachdadh an t-suaicheantais Ghàidhlig nas trice. Tha a' mhòr-chuid de na soidhnicean sa Phàirc Nàiseanta a' gabhail a-steach susbaint Ghàidhlig a tha ceangailte ri ainmean-àite, agus tha an Stiùireadh againn air Soidhnicean ag iarraidh gum bi cinn-sgrìobhadh dhà-chànanach air a h-uile soidhne eadar-mhìneachail ùr, agus air soidhnicean ionadach, agus gum bithear a' cleachdadh an t-suaicheantais Ghàidhlig gu cunbhalach.</p> <p>Tha e cudromach toirt fa-near gu bheil na soidhnicean a tha air an cruthachadh leis a' Phàirc Nàiseanta sa mhòr-chuid nan soidhnicean fiosrachaidh eadar-mhìneachail airson luchd-tadhail air feadh a' Phàirc. Is ann air na ceithir ùghdarrasan ionadail air a bheil uallach airson sgìrean den Phàirc, còmhla ri Còmhdhail Alba agus na buidhnean aige, a tha an t-uallach airson soidhnicean rathaid uile.</p>
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	<p>Bidh cinn-sgrìobhadh dhà-chànanach air a h-uile soidhne eadar-mhìneachail ùr, le mìneachaidhean sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an gabhail a-steach san dealbhadh. Nuair a tha soidhnicean eadar-mhìneachail làithreach air an ionadachadh, bidh meudachadh so-thomhas ann an soidhnicean agus mìneachadh sa Ghàidhlig.</p> <p>Nuair a tha stòran làithreach gan ath-dhealbhadh agus gan ionadachadh, bidh sinn a' gabhail a-steach susbaint Ghàidhlig bhuntainneach agus dòighean sam faodar daoine a chuideachadh le ionnsachadh na Gàidhlig. Bidh sinn a' toirt seachad ceanglaichean gu barrachd susbaint air-loidhne air chor 's gum faod daoine cumail orra a' leasachadh am mothachaidh Gàidhlig fiù 's an dèidh dhaibh am Pairc Nàiseanta fhàgail.</p> <p>Dèan sgrùdadh air soidhnicean agus stuthan sgrìobhte eile gu cunbhalach. Feumar mearachdan sam bith air</p>

	soidhnichean, eadar-mhineachadh no foillseachaidh a bhith air am fuasgladh ann an aithghearrachd.
<b>Ceann-là targaide</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Bidh cinn-sgrìobhaidh dhà-chànanach air a h-uile soidhne eadar-mhineachail ùr, le mìneachaidhean Gàidhlig agus Beurla air an gabhail a-steach san dealbhadh, ro dheireadh 2028/29.</li> <li>2. Nuair a tha goireasan làithreach gan ath-dhealbhadh no gan ionadachadh, bidh sinn a' gabhail a-steach susbaint Ghàidhlig bhuntainneach agus dòighean sam faodar daoine a chuideachadh Gàidhlig ionnsachadh, ro dheireadh 2028/29.</li> <li>3. Leantainneach air feadh beatha a' Phlana.</li> </ol>
<b>Uallach</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Manaidsear Prògram Àiteachan / Manaidsear Oighreachdan / Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail</li> <li>2. Manaidsear Prògram Àiteachan / Manaidsear Oighreachdan / Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail</li> <li>3. Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail / Manaidsear Coileanadh Corporra</li> </ol>

### 3.2.2 Amas Sheirbheisean Corporra 2: Conaltradh leis a' Phoball

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(a) Cur air adhart</b> Teachdaireachdan deimhinneach gu bheil daonnan a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	<p>Thathar a' cur fàilte air luchd-tadhail gu prìomh-àras a' Phàirc Nàiseanta sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, agus tha sinn a' cur air adhart gu bheil sinn a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig aig an ionad-fhàilteachaidh agus air an làraich-lìn againn. Tha taisbeanadh shlaighdean didseatach ri fhaicinn air sgrìn mhòr ann an ionad-fàilteachaidh a' phrìomh-àrais, le tòrr fiosrachaidh ann mu ainmean-àite Gàidhlig sa Phàirc Nàiseanta, a bharrachd air soidhnichean a' cur fàilte air luchd-tadhail sa Ghàidhlig. Tha abairtean Gàidhlig air an snaigheadh ann am ballachan an ionad-fhàilteachaidh agus tha bileagan Gàidhlig mu dheidhinn a' Phàirc Nàiseanta rim faotainn.</p> <p>Ged nach eil fileantaich sa Ghàidhlig am measg an luchd-obrach againn, tha an t-in-sgrùdadh a' sealltainn gu bheil bun-tuigse air Gàidhlig, no eòlas air grunn abairtean, aig 42% den luchd-obrach againn, agus tha cothrom furasta againn air seirbheisean eadar-theangachaidh.</p> <p>Tha e mar chleachdadh àbhaisteach gum bi luchd-obrach a' gabhail pàirt ann an Trèanadh Mothachadh Gàidhlig gach bliadhna, agus gu bheil stiùireadh aca air mar a bu chòir dèiligeadh ri iarrtasan bho luchd-bruidhinn na Gàidhlig. Tha an trèanadh seo an-dràsta ga sgaoileadh don h-uile neach-obrach a bhios a' dèiligeadh ri luchd-tadhail.</p>
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Foillsichidh sinn an dreachd deireannach den Phlana Ghàidhlig againn an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn.



	<p>Bheir sinn trèanadh ath-ùrachaidh do luchd-obrach uile gus dèanamh cinnteach gu bheil iad soilleir a thaobh nan gealltanasan is poileasaidhean sa Phlana Ghàidhlig.</p> <p>Bidh sinn a' toirt trèanadh do luchd-obrach (a' toirt prìomhachas don 150 luchd-obrach mu thuaiream air an loidhne-aghaidh a tha a' dèiligeadh ri luchd-tadhail), air chor 's gu bheil grunn abairtean bunaiteach aca as urrainn dhaibh a thuigsinn agus a thoirt seachad nuair a tha iad a' cur fàilte air luchd-tadhail an dara cuid don Phàirc Nàiseanta no do dh'Ùghdarras a' Phàirc. Bidh sinn a' brosnachadh luchd-obrach uile a bhith a' togail mothachadh agus eòlas air Gàidhlig air chor 's gum faod iad a cur air adhart tro na lìonraidhean aca.</p>
<b>Ceann-là targaide</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Foillsichidh sinn an dreachd deireannach den Phlana Ghàidhlig againn an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn aon uair 's gu bheil e air aonta fhaighinn (thathar an dùil gun tachair seo ro dheireadh 2024/25).</li> <li>2. Trèanadh ath-ùrachaidh airson luchd-obrach uile ga dhèanamh gach bliadhna air feadh beatha a' Phlana, air chor 's gu bheil luchd-obrach uile air trèanadh fhaighinn ro dheireadh 2028/29.</li> <li>3. Trèanadh air Gàidhlig bhunaiteach (fòcasach air luchd-obrach a tha a' dèiligeadh ris a' phoball) ga ghabhail os làimh gach bliadhna, air chor 's gu bheil luchd-obrach uile air an trèanadh fhaighinn ro dheireadh 2028/29.</li> </ol>
<b>Uallach</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail</li> <li>2. Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig / Manaidsear Ghoireasan Daonna</li> <li>3. Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig / Manaidsear Ghoireasan Daonna</li> </ol>

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(b) Conaltradh sgrìobhte</b> Thathar an-còmhnaidh a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-dealain agus meadhanan sòisealta) agus bithear a' toirt freagairt sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitcheinn.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	<p>Tha sinn a' cur air adhart air an làraich-lìn againn agus ann an litrichean gu bheil sinn a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig, agus gum faod sinn foillseachaidhean a thoirt seachad sa Ghàidhlig ma thathar a' dèanamh iarrtas orra.</p> <p>Tha litrichean-cinn agus branndadh againn rim faotainn sa Ghàidhlig, agus tha sinn a' cur air adhart gu bheil gealltanasan againn a bhith a' gabhail ri agus a' toirt seachad foirmean sa Ghàidhlig (a' gabhail a-steach gearanan).</p>
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil ag ràdh seo ann an dòigh fhaicsinneach air foirmean agus air an làraich-lìn againn, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil freagairt sa Ghàidhlig ga libhrigeadh. Bidh freagairtean do dh'iarntasan sa

	<p>Ghàidhlig a' faighinn freagairt taobh a-staigh an aon chlàir-ama 's a th' ann airson fhreagairtean sa Bheurla.</p> <p>Bidh sinn a' cumail sùil air an àireamh de phuist-dealain/litrichean a gheibhear sa Ghàidhlig, airson aithriseadh.</p>
<b>Ceann-là targaide</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Ath-ùrachadh na susbaint Gàidhlig mar phàirt de dh'ath-dhealbh na làraich-lìn againn, a thathar an dùil a thachairt ro dheireadh 2025/2026.</li> <li>2. Cùm sùil air an àireamh de phuist-dealain/litrichean, airson aithriseadh, leantainneach air feadh beatha a' Phlana.</li> </ol>
<b>Uallach</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail</li> <li>2. Manaidsear Gnìomha is Taic Gnothachais</li> </ol>

<b>Buil mhiannaichte</b>	<p><b>(c) Fàilteachadh agus fòn</b></p> <p>Far a bheil luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig comasach air an t-seirbheis seo a libhrigeadh, thathar a' toirt taic dhaibh gus sin a dhèanamh agus thathar a' cur air adhart an t-seirbheis don phoball.</p>
<b>Cleachdadh làithreach</b>	<p>Tha sinn a' cur air adhart air an làraich-lìn againn agus ann an soidhnichean san ionad-fhàilteachaidh gu bheil sinn a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig, agus gur urrainn dhuinn a h-uile foirm agus foillseachadh a thoirt seachad sa Ghàidhlig, ma thathar a' dèanamh iarrtas air.</p> <p>Tha an làrach-lìn againn a' gabhail a-steach duilleag Ghearanan sa Ghàidhlig a bharrachd air foirm airson seo.</p> <p>Tha clàr den h-uile gearan ga chumail, airson aithriseadh air Riaghladh.</p>
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	<p>Dèan cinnteach gu bheil luchd-obrach air an loidhne-aghaidh (ionad-fàilteachaidh agus bòrd-suidse) comasach air freagairt iomchaidh a thoirt do dh'iarntasan sa Ghàidhlig agus fiosrachadh a thoirt seachad air Gàidhlig sa Phàirc, agus gu bheil iad comasach air daoine a stiùireadh do ghoireasan buntainneach, air-loidhne no ann an clò, airson ionnsachadh a bharrachd.</p> <p>Bidh sinn a' toirt trèanadh do luchd-obrach (a' toirt prìomhachas don 150 luchd-obrach mu thuaiream air an loidhne-aghaidh a tha a' dèiligeadh ri luchd-tadhail), air chor 's gu bheil grunn abairtean Gàidhlig bunaithe aca as urrainn dhaibh a thuigsinn agus a thoirt seachad nuair a tha iad a' cur fàilte air luchd-tadhail an dara cuid don Phàirc Nàiseanta no do dh'Ùghdarras a' Phàirc. Bidh sinn a' brosnachadh luchd-obrach uile a bhith a' togail mothachadh agus eòlas air Gàidhlig air chor 's gum faod iad a cur air adhart tro na lìonraidhean aca.</p> <p>Dèan cinnteach gu bheil e follaiseach gu bheilear a' tairgse Gàidhlig gu gnìomach agus gu bheilear a' cumail sùil air àireamhan de dh'iarntasan, airson aithriseadh.</p>
<b>Ceann-là targaide</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Tha trèanadh ga thoirt seachad do luchd-obrach air an loidhne-aghaidh (ionad-fàilteachaidh agus bòrd-suidse) gus</li> </ol>

	<p>an comasachadh a bhith a' freagairt gu h-ìomchaidh do dh'iarntasan Gàidhlig, ro dheireadh 2024/25, and leantainneach air feadh beatha a' Phlana.</p> <ol style="list-style-type: none"> <li>Trèanadh ath-ùrachaidh airson luchd-obrach uile ga dhèanamh gach bliadhna, air feadh beatha a' Phlana, air chor 's gu bheil a h-uile neach-obrach air trèanadh fhaighinn ro dheireadh 2028/29.</li> <li>Trèanadh air Gàidhlig bhunaiteach (fòcusaichte air luchd-obrach a tha a' dèiligeadh ris a' phoball) ga ghabhail os làimh gach bliadhna, air chor 's gu bheil luchd-obrach uile air an trèanadh fhaighinn ro dheireadh 2028/29.</li> <li>Dèan cinnteach gu bheil e follaiseach gu bheil a' tairgse Gàidhlig gu gnìomach agus cùm sùil air àireamhan de dh'iarntasan gach bliadhna, air feadh beatha a' Phlana.</li> </ol>
<b>Uallach</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig / Manaidsear Gnìomha is Taic Gnothachais</li> <li>Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig / Manaidsear Ghoireasan Daonna</li> <li>Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig / Manaidsear Ghoireasan Daonna</li> <li>Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail / Manaidsear Gnìomha is Taic Gnothachais</li> </ol>

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(d) Coinneamhan poblach</b> Cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig air an rannsachadh agus air an cur air adhart gu cunbhalach.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	<p>Faodar seirbheis eadar-theangachadh don Ghàidhlig sa bhàd a thoirt seachad aig coinneamhan, far a bheil pàrtaidhean eile no eagraichean no buill den phoball air iarntas a dhèanamh airson na seirbheise.</p> <p>Thathar a' tairgse eadar-theangachadh Gàidhlig gu gnìomhach aig coinneamhan poblach ach chan eilear air iarntas fhaighinn fhathast.</p>
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>Thathar a' tairgse sheirbheisean eadar-theangachaidh gu gnìomach ro làimh agus tha seo ga ghabhail a-steach ann am brathan reachdail air coinneamhan ri thighinn.</li> <li>Bithear a' cumail sùil air an àireimh de dh'iarntasan a fhuair, airson aithriseadh.</li> </ol>
<b>Ceann-là targaide</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>Cleachdadh ga ath-ùrachadh, ro dheireadh 2024/25.</li> <li>Leantainneach agus air aithris air gach bliadhna, air feadh beatha a' Phlana.</li> </ol>
<b>Uallach</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>Manaidsear Coileanadh Corporra</li> <li>Manaidsear Gnìomha is Taic Gnothachais</li> </ol>

### 3.2.3 Amas Sheirbheisean Corporra 3: Fiosrachadh

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(a) Fiosan-naidheachd</b>
--------------------------	------------------------------

	Tha a h-uile fios-naidheachd le ìomhaigh àrd agus a h-uile fios-naidheachd ceangailte ris a' Ghàidhlig air an cur mun cuairt an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	Tha sinn ag iarraidh a bhith a' nochdadh sna meadhanan Gàidhlig agus tha sinn a' cleachdadh eadar-theangachadh Gàidhlig ann an 'Nòtaichean do luchd-deasachaidh'. Tha BBC Alba air an liosta choitcheann againn de bhuidhnean mheadhanan chun am bi sinn a' cur fiosan-naidheachd agus a bhios sinn a' targaideachadh le stòiridhean buntainneach.
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Cùm air a bhith for-ghnìomhach san dòigh sam bi sinn a' dèiligeadh ri BBC Alba agus seanailean mheadhanan Gàidhlig eile, agus cuir air adhart stòiridhean naidheachd le ìomhaigh àrd do mheadhanan Gàidhlig.  Cùm sùil air còmhdach sna meadhanan Gàidhlig, airson aithriseadh.
<b>Ceann-là targaide</b>	1. Leantainneach air feadh beatha a' Phlana. 2. Air a dhearcnachadh agus air aithris air gach bliadhna.
<b>Uallach</b>	1. Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail 2. Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(b) Meadhanan sòisealta</b> Susbaint Ghàidhlig ga riarachadh gu cunbhalach tro mheadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de luchd-cleachdaidh làithreach agus comasach.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	Tha sinn a' leasachadh agus a' co-phàirteachadh susbaint Ghàidhlig air na meadhanan sòisealta, gu h-àraid ri taobh iomairtean Mothachadh Gàidhlig agus pròiseactan sònraichte leithid Com-pàirteachas Cumadh-tìre Chalasraid no Slighe Taobh Siar na Gàidhealtachd. Tha an luchd-leantainn againn a' cur fàilte air an t-susbaint seo. Mar eisimpleir, tha <a href="#">iomairt ga cur an gnìomh an-dràsta</a> le neach-conaltraidh cliùiteach Gàidhlig Calum MacIlleathain agus neach-rothair Geamaichean a' Cho-fhlaitheis <a href="#">Kerry Nic a' Phì</a> .
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Cumaidh sinn oirnn a' leasachadh agus a' cur air adhart susbaint air Gàidhlig, agus susbaint air a sgrìobhadh sa Ghàidhlig, a' gabhail a-steach comhairle don phoball air mar a dh'fhaodas iad co-luadar a dhèanamh leinn, agus cumaidh sinn oirnn a' cur air adhart na Gàidhlig agus an dreuchd a th' aice sa Phàirc Nàiseanta air na meadhanan sòisealta.  Glèidhidh sinn agus togaidh sinn susbaint a tha a' coileanadh eadar-obrachaidhean deimhinneach agus bidh sinn gu gnìomhach a' sireadh chothroman a bharrachd airson co-obrachadh air iomairtean nàiseanta le Bòrd na Gàidhlig, ar co-luchd-obrach aig Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus eile.  Bidh sinn a' dearcnachadh, no a' cumail sùil air, ruigsinneachd (cia mheud duine a tha a' faicinn na susbainte) agus conaltradh (likes, comments, shares) air na meadhanan sòisealta, airson aithriseadh agus gus piseach a thoirt air susbaint.

<b>Ceann-là targaide</b>	Leantainneach air feadh beatha a' Phlana, dearcnachadh ga aithris gach bliadhna do Bhòrd na Gàidhlig.
<b>Uallach</b>	Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig / Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(c) Làrach-lìn</b> Bu chòir gu bheil susbaint Ghàidhlig ri faotainn air làrach-lìn an ùghdarras phoblaich, le cuideam ga chur air na duilleagan leis an ruigsinneachd a dh'fhaodadh a bhith as àirde.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	Tha Gàidhlig a' nochdadh gu follaiseach air a h-uile duilleig, agus an suaicheantas Gàidhlig a' nochdadh gach corra diog ann am bratach na duilleige. Tha earrann den làraich-lìn againn a' mìneachadh eachdraidh a' chànain sa Phàirc Nàiseanta. Tha an làrach a' gabhail a-steach tòrr iomraidhean faicsinneach gu bheil sinn a' toirt cuireadh do dhaoine fios a chur thugainn sa Ghàidhlig agus gum faodar lethbhreac iarraidh de fhoillseachaidhean sa Ghàidhlig. Chaidh an earrann air gearanan air eadar-theangachadh gu tur don Ghàidhlig. Thathar an dùil gun tèid an làrach-lìn ath-dhealbhadh agus ath-uidheamachadh ann an 2024/25.
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Mar phàirt de dh'ath-leasachadh làrach-lìn a' Phàirc Nàiseanta, bidh sinn a' meudachadh faicsinneachd na Gàidhlig agus a' meudachadh na susbainte sa Ghàidhlig air an làraich-lìn againn. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil, a bharrachd air an fhiosrachadh reachdail, an t-susbaint Ghàidhlig nas fharsainghe inntinneach agus brosnachail.  Bidh sinn a' dèanamh lèirmheas air, agus a' leudachadh, susbaint Ghàidhlig agus susbaint fhoghlamach air an làraich-lìn againn gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh tro bhith a' toirt seachad dòighean agus daoine buntainneach gus Gàidhlig a thoirt beò.
<b>Ceann-là targaide</b>	Dèan lèirmheas air agus leudaich susbaint Ghàidhlig agus susbaint sa Ghàidhlig mar phàirt de dh'ath-dhealbhadh na làraich-lìn, a thathar an dùil a bhith a' tachairt ro dheireadh 2025/26.
<b>Uallach</b>	Manaidsear Chonaltraidhean Didseatach / Comhairliche Foghlaim is In-ghabhaltais / Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(d) Foillseachaidhean corporra</b> Air am foillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan leis an ruigsinneachd a dh'fhaodadh a bhith as àirde.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	Tha sinn a' cruthachadh agus a' riarachadh bileag choitcheann sa Ghàidhlig mu dheidhinn a' Phàirc Nàiseanta agus a' bhileag 'What's in a Name' mu dheidhinn ainmean-àite agus eachdraidh chultarach sa Phàirc Nàiseanta. Tha sinn a' gabhail a-steach eileamaidean Gàidhlig (ainmean, fàilte agus caipseanan dà-chànanach) sa h-uile foillseachadh airson luchd-tadhail. Tha sinn a' toirt seachad, air iarrtas, tionndaidhean Gàidhlig no dà-chànanach de fhoillseachaidhean corporra.

	<p>Tha na prìomh sgrìobhainnean poileasaidh agus reachdail againn a' gabhail a-steach facal-toisich sa Ghàidhlig. Tha a h-uile foillseachadh a' gabhail a-steach suaicheantas Gàidhlig, a' cleachdadh an t-suaicheantais Ghàidhlig air a' chiad no dàrna turas a tha an suaicheantas ga chleachdadh, a rèir an stiùiridh air branndadh againn (tha a' mhòr-chuid a' cleachdadh an t-suaicheantais co-dhiù dà uair).</p> <p>Tha sinn ag amas air dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean eadar-theangachaidh a thathar a' libhrigeadh airson Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta gu cunbhalach de dh'àrd-chàileachd. Tha a h-uile eadar-theangachadh, làithreach agus san àm ri teachd, ga dhèanamh às ar leth le buidheann eadar-theangachaidh air an taobh a-muigh.</p>
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	<p>Bidh sinn a' cumail oirnn a' toirt seachad facal-toisich sna prìomh sgrìobhainnean poileasaidh no reachdail againn. Bidh sinn a' meudachadh agus/no a' leudachadh solar a thaobh eagrain le teacs sa Ghàidhlig no gu dà-chànanach airson fhoillseachaidhean corporra thar an ath chòig bliadhna.</p> <p>Far as urrainn dhuinn luchdaidhean a-nuas a dhearcnachadh (tro anailiseachd didseatach) no toirt air falbh nan lethbhreac fiosaigeach, bidh sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo gus dearcnachadh a chuideachadh agus cruth a thoirt don ath ghinealach de shusbaint Ghàidhlig.</p> <p>Bidh sinn a' cumail oirnn a' cleachdadh sheirbheisean eadar-theangachaidh creideasach agus de dh'àrd-chàileachd airson susbaint Ghàidhlig an-dràsta agus san àm ri teachd.</p>
<b>Ceann-là targaide</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Meudaich/leudaich solar de dh'eagrain teacs sa Ghàidhlig no dà-chànanach airson nam foillseachaidhean corporra againn, ro dheireadh 2028/29.</li> <li>2. Dearcnaich luchdaidhean a-nuas gach bliadhna mar phàirt den aithriseadh do Bhòrd na Gàidhlig.</li> </ol>
<b>Uallach</b>	Manaidsear Chonaltraidhean Didseatach / Manaidsear Coileanadh Corporra

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(e) Taisbeanaidhean</b> Bu chòir gu bheil cothroman gus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach air an rannsachadh gu cunbhalach, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan leis a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith as àirde.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	Tha raon de stuthan branndaichte againn airson tachartasan, a' gabhail a-steach prìob-bhùithtean (pop-ups) le branndadh a' Phàirc Nàiseanta sa Ghàidhlig. Aig an àm seo, tha branndadh faicsinneach sa Ghàidhlig air an Ionad Luchd-tadhail Siubhail againn a thathar a' toirt gu tachartasan air feadh a' Phàirc Nàiseanta fad na ràithe leis na Saor-thoilich againn agus leis an t-Seirbheis Raonairan againn.

	Tha bileagan Gàidhlig agus na bileagan ‘What’s in a Name?’ rim faotainn ann an stann nam bileagan a tha mar phàirt den ionad luchd-tadhail. Tha an leabhar-làimhe thachartasan a’ toirt seachad fiosrachadh air foillseachaidhean a tha rim faotainn sa Ghàidhlig.
<b>Gnìomhan a dh’fheumar</b>	Cumaidh sinn oirnn a’ toirt seachad eagrain Ghàidhlig den bhrannadh againn, a tha so-fhaicsinneach, aig tachartasan agus air na thathar a’ foillseachadh air an son.  Bidh sinn a’ sireadh chothroman gus ceanglaichean a dhèanamh le com-pàirtichean airson tachartasan nàiseanta agus modh-obrach co-obrachail a leasachadh gus cothroman tarraingeach agus brioghmhor a libhrigeadh a bhios a’ toirt Gàidhlig beò.
<b>Ceann-là targaide</b>	Leantainneach air feadh beatha a’ Phlana.
<b>Uallach</b>	Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail / Sgioba Gnàth-eòlas an Luchd-tadhail / Comhairliche nan Saor-thoileach / Manaidsearan na Seirbheis Raonairean

### 3.2.4 Amas Sheirbheisean Corporra 4: Luchd-obrach

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(a) In-sgrùdadh</b> Dèan in-sgrùdadh de fheumalachdan sgilean is trèanadh Gàidhlig air feadh beatha gach eagrain den Phlana.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	Tha Ùghdarras a’ Phàirc Nàiseanta a’ dèanamh sgrùdadh bliadhna air na comasan is goireasan Gàidhlig a tha againn an-dràsta. Thathar air beachdachadh air toraidhean an sgrùdaidh seo nuair a bhathar a’ leasachadh nan gealltanasan san eagrain seo, agus chuidich iad sinn a thaobh mar a dh’fhaodamaid cleachdaidhean a stèidheachadh, a ghlèidheadh no a leasachadh, agus mothachadh air a’ Ghàidhlig a leasachadh, a bharrachd air cleachdadh na Gàidhlig, air sàilleibh ’s gu bheil pàirt chudromach aice sa bheatha chultarail agus ann an cruth-tìre a’ Phàirc Nàiseanta.
<b>Gnìomhan a dh’fheumar</b>	Dèan sgrùdadh air sgilean Gàidhlig agus mothachadh air a’ Ghàidhlig am measg luchd-obrach gach bliadhna. Cleachd toraidhean an sgrùdaidh seo (a’ gabhail a-steach iarrtasan is riatanasan trèanaidh bho luchd-obrach) gus stiùir a thoirt do ghnìomhachdan Gàidhlig le luchd-obrach airson na bliadhna ri tighinn agus gus cruth a thoirt do sholar trèanaidh.
<b>Ceann-là targaide</b>	Sgrùdaidhean bliadhna air feadh beatha a’ Phlana, air an aithris gu Bòrd na Gàidhlig gach bliadhna.
<b>Uallach</b>	Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig / Manaidsear Coileanadh Corporra

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(b) Trèanadh inntrigidh</b> Eòlas air Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich agus cothroman trèanaidh air am fighe a-steach do thrèanadh inntrigidh airson luchd-obrach ùra.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	Mar phàirt den toirt air bòrd agus trèanadh inntrigidh airson luchd-obrach ùra, tha Stiùireadh air Branndadh agus prìomh amasan a’ Phlana Ghàidhlig gam mìneachadh, agus thathar a’

	cur an aithne an gealltanais againn gum bi sinn a' cleachdadh, a' cur air adhart agus ag ainmeachadh chothroman gus a' Ghàidhlig a chomharrachadh agus a cho-phàirteachadh mar phàirt den dreuchd ùir aca.
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Leasaich mòideal air mothachadh Gàidhlig mar phàirt den phròiseas trèanadh inntrigidh airson luchd-obrach ùra. Bidh am mòideal seo co-shlànach don trèanadh mothachadh Gàidhlig air-loidhne/aghaidh-ri-aghaidh a thathar a' dèanamh gach bliadhna. Amais gum bi 100% a' gabhail pàirt san trèanadh ann am beatha an treas eagrain seo den Phlana Gàidhlig.
<b>Ceann-là targaide</b>	Ro dheireadh 2028/29.
<b>Uallach</b>	Manaidsear Ghoireasan Daonna / Prìomh oifigear na buidhne le uallach airson Gàidhlig

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(c) Trèanadh cànan</b> Trèanadh is leasachadh airson sgilean cànan, air an libhrigeadh do luchd-obrach, gu h-àraid a rèir buileachadh Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	Trèanadh ann an Sgilean Cànan Gàidhlig ga thairgse do luchd-obrach uile gach bliadhna. Chaidh an trèanadh a libhrigeadh an turas mu dheireadh mus tàinig na cuibhreachaidhean COVID an gnìomh. Chaidh buidseat a riarachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid trèanadh ath-shuidheachadh ann an 2024.
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Bidh sinn a' meudachadh an t-solair airson cùrsaichean Trèanadh Cànan Gàidhlig airson luchd-obrach làithreach agus ùra, a' toirt prìomhachas do luchd-obrach air an loidhne-aghaidh a bharrachd air luchd-obrach stèidhte sa phrìomh-àras, thar na còig bliadhna den eagrain seo. Ma tha barrachd comais againn airson trèanadh a libhrigeadh, bidh sinn ag amas a bhith ga libhrigeadh don luchd-obrach uile a tha stèidhte sa phrìomh-àras agus ga fhosgladh do bhuidhnean com-pàirteachais agus/no buidhnean coimhearsnachd.  Bidh sinn a' cleachdadh nan seanailean conaltraidh taobh a-staigh gus fiosrachadh a thoirt do luchd-obrach air na cùrsaichean Gàidhlig a tha rim faotainn. Far a bheil i buntainneach do dhreuchd, bidh sinn a' cuideachadh gus barrachd trèanadh cànan Gàidhlig a mhaoineachadh.
<b>Ceann-là targaide</b>	Leantainneach air feadh beatha a' Phlana.
<b>Uallach</b>	Manaidsear Ghoireasan Daonna / Ceann Luchd-obrach is Maoinean

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(d) Trèanadh mothachaidh</b> Trèanadh mothachadh Gàidhlig ga libhrigeadh, le prìomhachas ga thoirt do luchd-obrach ann an àrd-dreuchdan, luchd-obrach a tha a' dèanamh cho-dhùnaidhean cudromach agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh ris a' phoball.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	Thathar a' tairgse Trèanadh Mothachadh Gàidhlig do luchd-obrach gach bliadhna agus ga libhrigeadh ann am fochair



	Mìos Aire Gàidhlig.
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Amais air com-pàirteachadh luchd-obrach ann an trèanadh mothachadh Gàidhlig a mheudachadh gu 100% thar beatha an eagrain seo den Phlana Ghàidhlig.
<b>Ceann-là targaide</b>	Trèanadh ga lìbhrigeadh gach bliadhna air feadh beatha a' Phlana.
<b>Uallach</b>	Manaidsear Ghoireasan Daonna

<b>Buil mhiannaichte</b>	<p><b>(e) Fastadh</b> Thathar ag aithneachadh sgilean Gàidhlig agus a' cur meas orra sa phròiseas fastaidh air feadh an ùghdarras phoblaich.</p> <p>Tha Gàidhlig ga h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus plana na Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir na comhairle air fastadh bho Bhòrd na Gàidhlig.</p> <p>Gheibhear sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson a h-uile dreuchd far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.</p>
<b>Cleachdadh làithreach</b>	<p>Airson fastadh, tha sinn a' leantainn ri riaghailtean na Seirbheise Catharra air farpais chothromach is fhosgailte. A rèir nàdar na dreuchd, tha na sanasan-obrach againn ag aithneachadh Gàidhlig mar bhuadh obrach ion-mhiannaichte.</p> <p>Ma tha an comas a bhith a' bruidhinn no a' sgrìobhadh sa Ghàidhlig mar riatanas dreuchdail, bithear a' toirt fa-near comas cànan nuair a thathar a' fastadh.</p>
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Bidh sinn a' dèanamh lèirmheas air cothroman a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh nam poileasaidhean Ghoireasan Daonna againn.
<b>Ceann-là targaide</b>	Aig an ath phuuing lèirmheis no ro dheireadh 2026/27 ma tha sin nas tràithe.
<b>Uallach</b>	Manaidsear Ghoireasan Daonna / Ceann Luchd-obrach is Maoinean

### 3.2.5 Amas Sheirbheisean Corporra 5: Corpas na Gàidhlig

<b>Buil mhiannaichte</b>	<p><b>(a) Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig</b> Bithear a' leantainn ris an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig sa h-uile pìos sgrìobhaidh a tha an t-ùghdarras poblach a' foillseachadh.</p>
<b>Cleachdadh làithreach</b>	<p>Tha sinn a' cleachdadh an tionndaidh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig agus, airson ainmean-àite, mar a tha Ainmean-Àite na h-Alba a' comhairleachadh. Chithear eisimpleir de na goireasan a chruthaich sinn a thaobh Gàidhlig agus Cruth-tìre a' Phàirc Nàiseanta air an làraich-lìn againn.</p> <p><a href="http://www.lochlomond-trossachs.org/our-gaelic-culture">www.lochlomond-trossachs.org/our-gaelic-culture</a></p>

<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Dèan cinnteach gu bheil a h-uile conaltradh sgrìobhte againn sa Ghàidhlig a' leantainn ris an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig.
<b>Ceann-là targaide</b>	Leantainneach air feadh beatha a' Phlana.
<b>Uallach</b>	Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail

<b>Buil mhiannaichte</b>	<b>(b) Ainmean-àite</b> Thathar a' sireadh agus a' cleachdadh comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.
<b>Cleachdadh làithreach</b>	Tha sinn a' dèanamh iomradh air goireasan <a href="#">Ainmean-Àite na h-Alba</a> (comhairliche nàiseanta air ainmean-àite Gàidhlig ann an Alba) agus tha sinn a' sireadh comhairle air ainmean-àite agus cothroman airson co-obrachadh air pròiseactan.
<b>Gnìomhan a dh'fheumar</b>	Dèan iomradh air goireasan Ainmean-Àite na h-Alba agus sir comhairle air ainmean-àite agus cothroman airson co-obrachadh air pròiseactan.
<b>Ceann-là targaide</b>	Leantainneach air feadh beatha a' Phlana.
<b>Uallach</b>	Manaidsear Chonaltraidhean Ro-innleachdail

#### 4. CEANGLAICHEAN RI FRÈAM-OBACH COILEANAIDH NÀISEANTA

Tha Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta an geall air na h-amasan a choileanadh a stèidhicheadh le Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta, a dh'fhoillsicheadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha am frèam-obrach a' gabhail a-steach builean fo Chlann agus Daoine Òga, Coimhearsnachdan, Cultar, Eaconamaidh, Foghlam, Àrainneachd, Obair is Gnothachas Cothromach, Slàinte, Còraichean Daonna, Eadar-nàiseanta agus Bochdainn.

Gu h-àraid, tha an obair againn air Plana Gàidhlig a tha so-ruigsinneach agus in-ghabhailta a' cur ris na builean a leanas:

- Coimhearsnachdan  
Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhailtach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte
- Foghlam  
Tha deagh fhoghlam is deagh sgilean againn agus tha sinn comasach air cur ris a' chomann-shòisealta  
Cultar  
Tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing
- Eaconamaidh  
Tha eaconamaidh againn a tha farpaiseach aig ìre an t-saoghail, a tha tionnsgalach, in-ghabhailtach agus seasmhach

Airson barrachd fiosrachaidh air Amasan Ro-innleachdail na h-Alba, dèan tadhal air [nationalperformance.gov.scot/](https://nationalperformance.gov.scot/)

## **5. A' FOILLSEACHADH A' PHLANA AGUS GA CHUR AM FOLLAIS**

### **5.1 AIR AN TAOBH A-STAIGH**

5.1.1 Gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail air na h-uallaichean a tha orra fon Phlana Ghàidhlig againn agus na cothroman a bheir e dhaibh, bidh sinn:

- A' cur fios thuca air na tha sa phlana tro phost-dealain, tro choinneamhan luchd-obrach uile, agus tro chuairt-litrichean luchd-obrach agus duilleagan sònraichte air an eadra-lìon.
- A' cruthachadh cothroman airson luchd-obrach a bhith an sàs ann an ùr-ghnàthachadh, co-obrachadh agus conaltradh, gu h-àraid am measg luchd-obrach a tha dealasach agus an sàs ann an ionnsachadh agus cur air adhart na Gàidhlig.
- A' dèanamh cinnteach gum bi co-obraichean aig a bheil dreuchd chudromach a thaobh builean is gnìomhan a libhrigeadh fon Phlana an sàs ann am buidheann Plana na Gàidhlig
- A' cruthachadh àrainneachd far a bheilear a' cur fàilte air com-pàirteachadh saor-thoileach/làn-roghnach le luchd-obrach, saor-thoilich, com-pàirtichean agus custamairean.

### **5.2 AIR AN TAOBH A-MUIGH**

5.2.1 Foillsichear Plana Ghàidhlig Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, bidh sinn:

- a' sgaoileadh fios-naidheachd dà-chànanach a' cur an cèill a' phlana agus ag iarraidh cothroman gus am plana a chur air adhart tro chraoladairean sa Ghàidhlig agus sa Bheurla
- a' cur am follais a' phlana tro chaochladh de dh'àrd-ùrlaran nam meadhanan sòisealta
- a' cur fios do na buidhnean com-pàirteachaidh againn air na gealltanasan san eagraan as ùire den Phlana Ghàidhlig againn agus mar a dh'fhaodas iadsan ar cuideachadh a bhith a' libhrigeadh nam builean a th' ann
- a' dèanamh cinnteach gu bheil ceanglaichean don eagraan as ùire den Phlana Ghàidhlig againn aig buidhnean buntainneach Gàidhlig agus buidhnean eile aig a bheil ùidh ann
- a' foillseachadh lethbhric chruaidh air iarrtas

## **6. A' MAOINEACHADH A' PHLANA**

6.1 Bidh gnìomhan àbhaisteach air an gabhail a-steach agus air am maoinachadh tro bhuidseatan Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta, air an aontachadh gach bliadhna le Riaghaltas na h-Alba.

Cuideachd, bidh sinn a' sireadh agus a' cur a-steach airson tabhartasan maoinachaidh far an gabh cothroman a bharrachd a chomharrachadh airson pròiseactan co-leasachail a leantainn.

## **7 A' DEARCNACHADH A' PHLANA**

7.1 Bidh an t-uallach airson dearcnachadh agus aithriseadh gach bliadhna air adhartas a thaobh an eagrain as ùire den Phlana Ghàidhlig againn air aontachadh leis an sgioba Stiùiridh. Bidh sgioba(idhean) air a bheil an t-uallach a' dèanamh lèirmheas bliadhnail air targaidean a' phlana gach bliadhna, agus bidh iad ag aithris air mar a chaidh na Gealltanasan Bunaiteach againn a chur an gnìomh, gu soirbheachail no gu neo-soirbheachail. Thèid seo a dhèanamh ann an co-chomhairleachadh le agus le aonta bho Bhòrd na Gàidhlig.

## **8. PLANA NA GÀIDHLIG SAN ÙGH DARRAS PHOBLACH**

### **8.1 UALLACH SAN FHARSAINGEACHD AIRSON A' PHLANA**

8.1.1 Is e an Ceannard againn air a bheil an dleastanas aig a' cheann thall airson dèanamh cinnteach gum bi sinn a' libhrigeadh nan gealltanasan a chuireadh an cèill sa Phlana seo. Is e an t-àrd-oifigear air a bheil an t-uallach airson sùil a chumail air ullachadh, libhrigeadh is sgrùdadh a' Phlana Ghàidhlig aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròiseachan:

Anna NicIllEathain  
Stiùiriche airson Conaltradh agus Ùr-ghnàthachadh  
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean  
Carrachan  
Rathad Charrachain  
Am Bealach G83 8EG  
01389 722600

<mailto:info@lochlomond-trossachs.org>

### **8.2 UALLACH AIRSON A' PHLANA BHO LATHA GU LATHA**

Thathar a' dèanamh lèirmheas an-dràsta air cò an t-oifigear aig am bu chòir uallach obrachail a bhith airson obrachadh a' phlana bho latha gu latha. Aon uair 's gu bheil seo air aontachadh, bithear a' foillseachadh san tionndadh dheireannach den Phlana. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' Phlana bho latha gu latha a chur thuca.

### **8.3 BUILEACHADH AGUS DEARCNACHADH PLANA NA GÀIDHLIG**

8.3.1 Tha Buidheann-obrach Plana na Gàidhlig a' cuideachadh a' phrìomh oifigeir agus a' dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Gàidhlig ga fhisge a-steach ann an structar corporra Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta. Bidh coinneamhan na buidhne-obrach a' tachairt co-dhiù gach ràith.

8.3.2 Bidh a' bhuidheann-obrach seo a' gabhail a-steach riochdaire bho àrd-stiùireadh agus bidh i a' tarraing air luchd-obrach bho air feadh na buidhne air a bheil an t-uallach airson am plana a leasachadh, a bhuileachadh agus a dhearcnachadh. Faodaidh ballrachd na buidhne-obrach atharrachadh rè ùine a' Phlana, a rèir nan sgilean agus roinnean a tha a

dhìth aig an àm. Tha i cuideachd a' gabhail a-steach luchd-obrach aig a bheil beagan Gàidhlig agus aig a bheil ùidh mhòr san raon-obrach seo.

Bidh an tionndadh deireannach den eagraan seo de Phlana na Gàidhlig a' cur an cèill molaidhean airson ballrachd na buidhne-obrach seo.

## **8.4 CONALTRADH LE LUCHD-OBRACH**

8.4.1 Faodaidh a h-uile neach-obrach, am Bòrd againn agus na saor-thoilich againn cur ri buileachadh soirbheachail agus amalachadh a' phlana. Le bhith a' fighe a-steach buill na Buidhne-obrach Plana na Gàidhlig, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad ag obair aig ìre a tha gu h-ìomchaidh àrd, agus a' cleachdadh an dealais aca mar 'churaidhean Gàidhlig', bidh sinn a' sgaoileadh fiosrachaidh mu na gealltanasan againn don chànan agus gan cur an gnìomh air feadh na buidhne.

8.4.2 Bidh sinn a' cumail oirnn a' cleachdadh nan seanailean conaltraidh againn air an taobh a-staigh, gu h-àraid na raointean sònraichte air an eadra-lìon againn agus na raointean fiosaigeach timcheall nan togalaichean againn, gus conaltradh le luchd-obrach air cùisean ceangailte ri Plana na Gàidhlig agus pròiseactan taiceil. Bidh sinn a' cur fios a-mach mu chothroman airson barrachd ionnsachadh is com-pàirteachadh. Bidh sinn for-ghnìomhach ann a bhith a' toirt taic do luchd-obrach air a bheil uallaichean sònraichte fon phlana le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iad follaiseach sna h-amasan aca.

8.4.3 Tha na h-ullachaidhean rianachd a thaobh Plana na Gàidhlig a chur an gnìomh a' gabhail a-steach

- Gu bheil am plana seo na phoileasaidh aig Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròiseachan agus gun deach a ghabhail ris an dà chuid leis an Sgioba Stiùiridh againn agus le Bòrd a' Phàirc Nàiseanta.
- Uallach san fharsaingeachd: Aig a' cheann thall, tha an Ceannard freagarrach airson dèanamh cinnteach gum bi Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta a' libhrigeadh nan gealltanasan a chuireadh an cèill sa Phlana seo.
- Luchd-obrach fa leth: Bheirear stiùireadh do luchd-obrach air far a bheil am Plana ri fhaotainn air an eadra-lìon againn agus thèid am brosnachadh iomradh a dhèanamh air.
- Coinneamhan cunbhalach de Bhuidheann-obrach Plana na Gàidhlig
- Bidh an ìre ris a bheil luchd-obrach a' com-pàirteachadh gu coitcheann ris a' Phlana Ghàidhlig air a dearcnachadh tro shuirbhidh an luchd-obrach uile, a nithear turas gach bliadhna, agus tro ùrachadh bliadhnail den Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig. Thèid na toraidhean a chur gu Bòrd na Gàidhlig mar phàirt de na h-aithrisean bliadhnail air adhartas.

## **8.5 TREAS PÀRTAIDHEAN AGUS BUIDHNEAN LETH-EISIMEILEACH**

8.5.1 Is iad na seirbheisean a thathar a' libhrigeadh do dh'Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta a thaobh a' Phlana Ghàidhlig:

Seirbheisean eadar-theangachaidh, air an toirt le Global Language Services, 60 – 64 Sràid Darnley, Glaschu G41 2SE.

Bidh seiseanan Trèanadh Mothachadh Gàidhlig air an solarachadh air stèidh bhliadhnail. Bithear a' roghnachadh an t-solaraidhe as freagarraiche a rèir feumalachdan an ama agus nan tuairmsean is molaidhean a thathar a' toirt seachad.

8.5.2 Bidh Ùghdarras a' Phàirc Nàiseanta airson dèanamh cinnteach, far a bheil seo iomchaidh, gum bi ullachaidhean is aontachaidhean le treas pàrtaidhean, a tha ceangailte ri libhrigeadh nan seirbheisean againn don phoball, a' cumail ri cumhaichean a' Phlana seo. Far a bheil e iomchaidh, cuiridh sinn thuca lethbhric den stiùireadh againn air Brannadh agus Soidhnichean, anns a bheil stiùireadh air Gàidhlig. Tha an gealltanais seo a' gabhail a-steach seirbheisean a dh'fhaodadh a bhith air an cur a-mach gu tairgse. Far nach eil plana Gàidhlig a-cheana aig an treas phàrtaidh, bidh sinn gam brosnachadh a bhith a' leantainn ri cumhaichean a' Phlana Ghàidhlig againn agus a' dèanamh cinnteach gun toirear fios don luchd-obrach aca mu dheidhinn.

## **EÀRR-RÀDH 2 – IN-SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG**

Tha geàrr-chunntas air na toraidhean, a dh'ainmicheadh ann an Ro-ràdh a' Phlana, ga gabhail a-steach mar Eàrr-ràdh 2.

### **THOIR FA-NEAR:**

An dèidh na h-ùine co-chomhairleachaidh foirmeile, bidh geàrr-chunntas air toraidhean a' cho-chomhairleachaidh ga thoirt seachad ann an Ro-ràdh a' Phlana, agus bidh aithris nas mionaidiche ga gabhail a-steach mar eàrr-ràdh.